

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A' Ghàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu (1)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,117. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 813 corresponds to Litir 1,117.

Thàinig mi tarsainn air làrach-lìn inntinneach o chionn ghoirid. 'S e an t-ainm a th' oirre 'Sgeul na Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu'. Tha i dà-chànanach. Gheibhear i aig sgeulnagaidhlig.ac.uk. Tha i ag innse dhuinn mu na ceanglaichean eadar an t-oilthigh agus a' Ghàidhlig **thar nan linn**.

Chaidh an t-oilthigh a chur air chois ann an ceithir cheud deug, caogad 's a h-aon (1451). Aig an àm sin, **bha Gàidhlig ga bruidhinn** ann an sgìrean dùthchail faisg air Glaschu, agus feadhainn dhiubh deas air a' bhaile. A bharrachd air sin, bha ceangal oifigeil ann eadar an t-oilthigh agus eaglaisean paraiste far an robh an cànan ga bruidhinn – ann an Comhghall, Bòd is Ìle. Bhiodh ceudan bhliadhnaichean ann mus biodh a' Ghàidhlig air a teagasg anns an oilthigh, ach bha Gàidheil nan oileanaich ann bho chionn fhada.

Nuair a chaidh Oilthigh Ghlaschu a stèidheachadh, thòisich daoine ann an Earra-Ghàidheal, a bha ag amas air a bhith nam pearsaichean eaglais, a dhol ann. Roimhe sin, fhuair iad an cuid foghlaim ann an Oilthigh Chill Rìmhinn. Aig an àm sin, bha Gàidhlig air a bruidhinn air feadh Earra-Ghàidheal. Am measg nan ainmean Gàidhealach a nochdas air clàr nan oileanach, tha MacCombaich, MacThàmhais, MacLaomainn, Mac a' Bhìocair, MacLachlainn agus MacMhuirich.

Tha ainm cliùiteach a' nochdadh ann an co-cheangal ri Oilthigh Ghlaschu anns an t-siathamh linn deug. B' e sin Iain Major, a sgrìobh anns an leabhar aige mu eachdraidh Bhreatainn gun robh Gàidhlig aig cha mhòr an dàrna cuid de mhuinntir na h-Alba aig an àm sin. Ciamar a bha e ceangailte ri Oilthigh Ghlaschu? Uill, bha e na Phrionnsabal ann eadar còig cheud deug is ochd-deug (1518) agus còig cheud deug, fichead 's a trì (1523).

Fear eile cliùiteach a bha co-cheangailte ris an oilthigh – b' esan Ualtar MacUalraig no Ceanadach, am bàrd. 'S ann à Carraig ann an Siorrachd Àir a bha Ualtar, agus bha e na Ghàidheal. Bha Gàidhlig fhathast air a bruidhinn ann an Carraig agus Gall-Ghàidhealaibh aig an àm sin. Tha Ualtar ainmeil airson 's mar a bha e fhèin is Uilleam Dunbar, bàrd Gallta, a' magadh air a chèile ann an aoir. B' e cuspair na h-aoire – dè bha e a' ciallachadh a bhith nad Albannach? Bha Dunbar a' cur sìos air MacUalraig airson a bhith dileas don Ghàidhlig. Bha MacUalraig a' cur sìos air Dunbar a chionn 's nach robh Gàidhlig aige!

Co-dhiù, cheumnaich MacUalraig o Oilthigh Ghlaschu le MA ann an ceithir cheud deug, seachdad 's a h-ochd (1478). Agus bha a mhac, Ualtar eile, air a dhèanamh na reactor ann, ann an còig cheud deug, fichead 's a ceithir (1524).

Aig deireadh an t-siathamh linn deug agus anns a' chiad leth dhen t-seachdamh linn deug, bha gu leòr de Ghàidheil mar oileanaich aig an oilthigh. Bha a' chuid a bu mhotha aca à Earra-Ghàidheal. Aig an àm sin, nam biodh ainm Gàidhealach ort, agus tu à Earra-Ghàidheal no Na Tròisichean, bhiodh Gàidhlig agad. 'S iad na h-ainmean a chì sinn – Caimbeul, MacLachlainn, Darach, Camshron, Bochanan, MacCombaich, MacIlleathain, MacCalmain, MacLeòid, Mac a' Bhreatannaich, MacAlasdair agus MacGuair. Chun na h-ath-sheachdain, beannachd leibh.

* * * * *

Faclan na Litreach: Gheibhear i: *it is obtained [ie reached]*; Comhghall, Bòd is Ìle: *Cowal, Bute and Islay*; Earra-Ghàidheal: *Argyll*; Ualtar MacUalraig: *Walter Kennedy*; Na Tròisichean: *The Trossachs*.

Abairtean na Litreach: Thàinig mi tarsainn air làrach-lìn inntinneach o chionn ghoirid: *I came across an interesting website recently*; chaidh an t-oilthigh a chur air chois: *the university was established*; feadhainn dhiubh deas air a' bhaile: *some of them south of the town*; MacCombaich, MacThàmhais, MacLaomainn, Mac a' Bhiocair, MacLachlainn agus MacMhuirich: *Colquhoun, MacTavish, Lamont, MacVicar, MacLachlann and MacMhuirich*; gun robh Gàidhlig aig cha mhòr an dàrna cuid de mhuinntir na h-Alba: *that almost half the population of Scotland spoke Gaelic*; 's ann à Carraig ann an Siorrachd Àir a bha X: *X was from Carrick in Ayrshire*; mar a bha e fhèin is Uilleam Dunbar, bàrd Gallta, a' magadh air a chèile ann an aoir: *how he and William Dunbar, a Lowland poet, were mocking each other in satire*; a' cur sìos air MacUalraig airson a bhith dìleas don Ghàidhlig: *criticising Kennedy for being loyal to Gaelic*; a chionn 's nach robh Gàidhlig aige: *because he didn't speak Gaelic*; 's iad na h-ainmean a chì sinn: *the names we see are*; Caimbeul, MacLachlainn, Darach, Camshron, Bochanan, MacCombaich, MacIlleathain, MacCalmain, MacLeòid, Mac a' Bhreatannaich, MacAlasdair agus MacGuair: *Campbell, MacLachlann, Darroch, Cameron, Buchanan, Colquhoun, Maclean, MacCalman, MacLeod, Galbraith, MacAlister and MacQuarrie*.

Puing-chànain na Litreach: Aig an àm sin, **bha Gàidhlig ga bruidhinn** ann an sgìrean dùthchail faisg air Glaschu: *at that time, Gaelic was spoken in country areas close to Glasgow. This is a passive construction which incorporates the possessive pronoun. This is the reason bruidhinn is not lenited – because Gaelic is feminine and the third person feminine singular pronoun does not lenite a noun. Similarly we would say bha an obair ga dèanamh 'the work was being done' because obair is feminine. In contrast we would say tha uan ga thoirt seachad 'a lamb is being given away'. Toirt is lenited because uan is masculine.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **thar nan linntean:** *over the centuries/ages.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA